

TUAIRISGEUL OBRACH

Tìotal na h-Obrach	Manaidsear Conaltraidh	Ìre	D4	Uairean san t-Seachdain	37
Amas	Gus dèanamh cinnteach gu bheil MG ALBA an sàs gu h-èifeachdach leis na daoine agus na coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh, a' dèanamh deagh adhartas a thaobh a bhith a' coileanadh, le com-pàirtichean, aonta nàiseanta mu luach sheaghach na Gàidhlig agus nam meadhanan Gàidhlig agus, le com-pàirtichean, a' dèanamh cinnteach gum bi stuth agus branndan nam meadhanan Gàidhlig cho follaiseach agus cho nochte 's a ghabhas.				
Cunntachail do	An t-Àrd-Oifigear				
Uallach airson	<ul style="list-style-type: none"> • Buidseatan (mar a bhios air aontachadh) • Tasgadh de stuth foillseachaidh nam meadhanan • Fios mu stòrasan stiùiridh 				
Càirdeasan obrach	<p>Bidh an neach a bhios san dreuchd cuideachd ag obair còmhla ris an Stiùiriche Ro-innleachd & Co-bhanntachd agus ag obair gu dlùth ri Ceannard Seirbheis BBC ALBA.</p> <p>Feumaidh deagh chàirdeasan obrach air an taobh a-staigh a bhith aig an neach-dreuchd leis a' Mhanaidsear Clàr-phrògraman, am Manaidsear Dreach na Seanail, am Manaidsear Gnìomhachais, am Manaidsear Gàidhlig & Ghoireasan agus luchd-obrach eile agus feumaidh an neach a bhith comasach obrachadh gu h-èifeachdach agus gu cothromach le comhairlichean on taobh a-muigh, luchd-obrach a' BhBC, luchd-ùidh agus na meadhanan.</p>				
Priomh raointean toraidh	<p>Tha an dreuchd a' gabhail a-steach dà sheòrsa obair: (1) co-òrdanachadh agus stiùireadh; (2) ùghdarrachadh agus lìbhrigeadh.</p> <p>Bidh an neach san dreuchd a' dèanamh cinnteach:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Gu bheil conaltradh MG ALBA leis an luchd-ùidh air fad air a dhèanamh ann an deagh àm, gu cunbhalach de dh'àrd inbhe agus a rèir luachan na buidhne; <ul style="list-style-type: none"> ○ Is e ar luchd-amhairc ar spionnadh ○ Tha sinn an còmhnaidh a' strì gus sàr-mhathas a choileanadh nar n-obair ○ Bidh sinn a' dèiligeadh ris a h-uile duine le cothromachd, fosgailteachd agus treibhdhreas ○ Tha sinn a' toirt urram agus taic do chàch a chèile ○ Tha obair sgioba agus com-pàirteachas aig cridhe na tha sinn a' dèanamh ○ Tha MG ALBA a' cur an luchd-amhairc air thoiseach 				

	<ul style="list-style-type: none"> • Tha buaidh na buidhne mar iomairt mheadhanan dealasach mu leasachadh àrd-amasach agus ro-innleachdail nam meadhanan Gàidhlig (Lèirsinn 2021) agus mar bhuidheann Gàidhlig a bhith a’ cur ri bhith a’ cumail suas agus a’ leasachadh ath-bheothachadh na Gàidhlig • Bidh am buidheann, com-pàirtichean, coimhearsnachdan agus daoine fa leth a’ co-roinn sgeulachdan mu shoirbheas agus a’ togail suas lìonraidhean èifeachdach de ghaisgich agus luchd-taic air feadh na dùthcha agus air feadh nam buidhnean; • Gu bheil na stòrasan brosnachaidh a tha rim faotainn le na meadhanan Gàidhlig air an co-òrdanachadh gu h-èifeachdach; • Gu bheil planadh airson an ama ri teachd de dh’amannan cudromach a thaobh nam meadhanan air an co-òrdanachadh gu h-èifeachdach; • Gu bheilear a’ dèiligeadh ri stòrasan na buidhne agus nan com-pàirtichean gus freagairt anns a’ bhad is gu h-èifeachdach ri cùisean a tha ag èirigh suas ann san raon phoblach; • Gum bi teicneòlas air a chleachdadh gu h-èifeachdach mar innealan conaltraidh agus stiùiridh; agus • Gum bi luchd-obrach agus am bòrd a’ mealtainn ìrean àrda de fhollaiseachd agus mothachadh air nithean a tha cudromach dhaibh.
<p>Prìomh gnìomhan</p>	<p>Feumaidh an neach-dreuchd na leanas a choileanadh:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Stiùireadh agus le co-obrachaidhean agus com-pàirtichean, a bhith a’ cur an cèill am plana conaltraidh ro-innleachdail; • Fiosan conaltraidh corporra a chur an cèill, fiosraichte leis a’ Phlana Conaltraidh Ro-innleachdail; • Planadh, stiùireadh agus dèanamh cinnteach à libhrigeadh agus gleidheadh stuthan foillseachaidh nam meadhanan Gàidhlig gu sònraichte airson BBC ALBA, FilmG agus LearnGaelic; • Co-òrdanaich gnìomhan adhartachaidh susbaint BBC ALBA, le ceangal ri Ceannard Seirbheis BBC ALBA; • Brosnaich susbaint an t-seanail anns na pàipearan agus na meadhanan ionadail; • Cruthaich stuth sgrìobhte de dh’àrd-chàileachd airson an eadar-lìon, nam meadhanan sòisealta, clò-sgrìobhadh, Aithisg Bhliadhnail msaa; • Ullaich taisbeanaidhean agus coinneamhan-ullachaidh airson an CEO agus stiùirichean; • Bruidhinn le buaidh làidir ann an suidheachaidhean prìobhaideach agus poblach às leth MG ALBA agus mar thosgaire airson nam meadhanan Gàidhlig; • Tog suas lìonra feumail de cheanglaichean, a’ cruthachadh chothroman tric dhut fhèin, an CEO agus/no stiùirichean a bhith a’ dol an sàs ann an daoine on taobh a-muigh a dh’fhaodadh a bhith feumail • Lìbhrig aithisgean ràitheil do na stiùirichean • Cruthaich/stiùir fuasgladh bathar-bog èifeachdach airson stiùireadh dàimheil.

<p>Bun-sgilean</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Teisteanasan iomchaidh agus/ no eòlas • Sàr sgilean eadar-phearsanta agus conaltraidh (labhairteach agus sgrìobhte) sa Ghàidhlig agus sa Bheurla; • Deagh sgilean anailis, comasach air argamaidean iom-fhillte agus faireachail a chur ann an riochd sìmplidh ach èifeachdach; • Comas a bhith a’ cruthachadh sgrìobhainnean agus taisbeanaidhean de dh’àrd-chàileachd fo chudrom; • Deagh sgilean taisbeanaidh agus deagh chomas labhairt poblach; • Comas a bhith a’ cumail smachd air d’ ùine fhèin agus a’ cleachdadh deagh bhreithneachadh ann a bhith a’ cur cudrom air nithean a rèir cabhaig agus prìomhachas; • Neach-sgioba làidir, comasach air obrachadh gu co-chomhairleach agus a bhith a’ manaidseadh suas tron bhuidheann; • Sàr sgilean eagrachaidh agus planaidh; • Comas a bhith a’ togail agus a’ cumail suas sàr cheanglaichean obrach a-staigh agus a-muigh; • Comas a bhith ag obrachadh gu cinn-ama teann agus fo chudrom, le fulangas ach comasach a bhith ag obair gu ciùin agus le spionnadh aig an aon àm; • Comas a bhith a’ dèanamh ath-bhreithneachadh air nithean ro làimh, a’ tabhann fuasglaidhean, molaidhean agus a bhith a’ gluasad air adhart ann an àm iomchaidh; • Àrd ìre de dhealas a thaobh leasachadh pearsanta agus proifeiseanta <p>Tha teisteanasan proifeiseanta miannaichte ach chan eil iad gu tur riatanach.</p> <p>Tha sgil, beachd agus eòlas dearbhte ann an conaltradh agus/ no ann an dol an sàs le luchd-ùidh riatanach.</p> <p>Dh’fhaodadh eòlas proifeiseanta ann an craoladh a bhith na bhuannachd ach chan eil e riatanach.</p> <p>Bhiodh eòlas pearsanta agus proifeiseanta de, agus dealas mu, chonaltradh air na meadhanan conaltraidh didseatach sòisealta (mar eisimpleir, na meadhanan sòisealta) agus innealan (mar Word, PowerPoint agus CRM solutions) nam fìor bhuannachd, mar a bhiodh an comas a bhith a’ sgrìobhadh fiosan sa Ghàidhlig.</p> <p>Bhiodh rannsachadh agus sgilean ceartachaidh feumail ach chan eil iad riatanach.</p>
<p>Fad na dreuchd</p>	<p>Maireannach</p>